



University of the
Highlands and Islands
Oilthigh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean

Ro-innleachd nan Eilean **2020**



Ro-ràdh



Is e àm brosnachail is beòthail a tha seo airson eileanan na h-Alba a thaobh Achd nan Eilean (Alba) 2018, Plana Nàiseanta nan Eilean agus Cùmhnant nan Eilean. Ach tha dùbhlain mhòra ann cuideachd, leithid buaidh COVID-19 air eaconamaidhean nan eilean, buaidh atharrachadh na gnàth-shìde agus a' bhuidhneachadh a bhith aig a' chrìonadh a thathar a' ro-innse san t-sluagh, gu sònraichte anns na h-Eileanan an Iar. Feumaidh an cumadh a bhios air foghlam agus rannsachadh anns na h-eileanan a bhith a rèir nan dùbhlain agus nan cothrom sin. Mar an aon oilthigh a tha air a shuidheachadh gu fiosaigeach agus a tha a' libhrigeadh tairgse foghlaim treas ìre taobh a-staigh de gach aon de phrìomh bhuidhnean eileanan na h-Alba, tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean air a bhrosnachadh gus doimhneachadh a thoirt air an dol an sàs aige anns na h-eileanan gus an cuir e ann an dòigh èifeachdach ri leasachadh seasmhach, in-ghabhalach nan eilean ann an dòighean ùra, innleachdach.

Le bhith a' cur gu feum nam buadh a th' aige ann am foghlam adhartach, foghlam àrd-ìre, rannsachadh agus iomlaid eòlais, taobh a-staigh agus taobh a-muigh nan eilean, obraichidh an t-oilthigh le luchd-ùidhe, a' cleachdadh dòigh-obrach a bhios stèidhichte air àitichean, a rèir nan dùbhlain agus a' leantainn an rannsachaidh, a dh'fheumaidh ri bun-chùisean leithid ath-dhaoineachadh, leasachadh luchd-obrach ann an earrainnean cudromach, buaidh atharrachadh sa ghnàth-shìde agus tàladh tàlaint.

Is e ro-innleachd a tha seo le aire air an taobh a-muigh, tè a bhios a' togail air neartan agus co-dhèanamhan sònraichte nan eilean agus a' tarraing air ceangal eadarnàiseanta an oilthigh ri buidhnean eile de dh'eileanan air feadh an t-saoghail, agus tè a tha a' daingneachadh, cuideachd, cudromachd fhàs-mhor cheanglaichean cultarail is eachdraidheil nan eilean ri nàbaidhean ann an Lochlainn, san Artaig agus faisg air an Artaig. Is e tè a th' innte cuideachd a shoirbhicheas co-leanailteachd nas làidire ann an gnìomhachdan an oilthigh air feadh nan eilean agus a bheir cothroman ùra don ghnìomhachd acadaimigeach sna h-eileanan a bhith aig cridhe iomairtean airson an oilthigh gu lèir agus taobh a-muigh dheth.

Prìomh chuspairean

- ◆ Sgilean, leasachadh na feachd-obrach, taic thionnsgaineach agus tàladh tàlaint
- ◆ Leabhran-iùil uile-eileanach a dhèanamh de chùrsaichean goirid a' tabhann ullachadh ann an cultar, dualchas, arc-eòlas agus gnìomhachasan cruthachail
- ◆ Tuairisgeul a thoirt air ullachadh iar-cheumnach air-loidhne ann an cultar, dualchas, arc-eòlas, saidheansan mara agus gnìomhachasan cruthachail
- ◆ Gnìomhachd rannsachaidh a neartachadh anns na h-eileanan
- ◆ Meudachadh a thoirt air gnìomhachd acadaimigeach uile-eileanach co-cheangailte ri institiudan, ionadan agus roinnean Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean
- ◆ Taic a thoirt do chànanan ar n-eileanan, a' toirt a-steach na Gàidhlig, dual-chainntean eileanach agus cultaran Lochlannach
- ◆ Gnìomhachd ùr agus daoine a thàladh do na h-eileanan agus a bhith stèidhichte anns na h-eileanan

Tha sinn an dòchas agus an dùil gum bi buaidh bhuannachdail aig an ro-innleachd seo air feadh nan eilean agus anns na coimhearsnachdan a tha nan dachaigh don luchd-obrach agus na h-oileanaich againn.

An t-Àrd-Ollamh Crichton Lang

Prionnsapal agus Iar-Sheansalair Eadar-amail, Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

An t-Àrd-Ollamh Neil Simco

Iar-Phrionnsapal (Rannsachadh agus Buaidh), Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Sue MacFarlane

Prionnsapal agus Àrd-Oifigear Gnìomha Eadar-amail, Colaiste a' Chaisteil UHI

An t-Àrd-Ollamh Edward Abbott-Halpin

Prionnsapal, Colaiste Arcaibh UHI

An t-Àrd-Ollamh Jane Lewis

Prionnsapal Ainmichte, Institiud Shealtainn UHI

Willie Shannon

Stiùiriche, Ionad Mara NAFC UHI

Ro-ràdh



Is e prìomh adhbhar na ro-innleachd seo innse mar a bhios Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean ag obair le com-pàirtichean gus a ghnìomhachdan a leudachadh agus a neartachadh air feadh Arcaibh, Shealtainn agus nan Eilean an Iar.

Bidh buaidh aig na builean, ag obair le coimhearsnachdan ionadail gus cur gu dearbhach ri leasachadh seasmhach nan eilean agus gluasad gu neoni cruinn a thaobh eimiseanan carboin, a' faighinn agus a' tàladh maoinachadh a bheir taic do fheumalachdan gnothachais ionadail agus a bhrosnaicheas iarrtas ann an raointean cudromach a chuidicheas le bhith a' tàladh tàlant ùr agus a' cruthachadh chothroman a lùghdaicheas an fheum a th' aig daoine a bhith ag imrich às, gu sònraichte airson foghlam agus trèanadh. Thathar cuideachd ag aideachadh, gus a' bhuidhe seo a libhrigeadh, gum feumar conaltradh brìgheil, gnothaicheil agus leantainneach ri luchd-ùidhe cudromach, a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuibhrichte ri Riaghaltas na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Comhairle Eileanan Shealtainn, Comhairle Eileanan Arcaibh agus Comhairle nan Eilean Siar, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean, agus Leasachadh Sgìlean na h-Alba.

Tha an t-oilthigh a' tuigsinn gu bheil e mar dhleastanas poblach air cur gu mòr ris na h-iomairtean nàiseanta a th' ann an-dràsta a tha air an dealbhadh gus coimhearsnachdan eileanach a neartachadh. Nam measg seo tha:

◆ [Iomairt Na h-Eileanan Againn: Na Tha Romhainn san Àm ri Teachd agus Achd nan Eilean \(Alba\) 2018](#)

◆ [Plana Nàiseanta nan Eilean](#)

◆ [Cùmhnant Fàs nan Eilean](#)


Gu sònraichte, tha an t-oilthigh ag aithneachadh gu bheil mòran aige ri a chur ri Plana Nàiseanta nan Eilean agus gu bheil àite fìor fhollaiseach aige sa Chùmhnant a thathar a' rùnachadh airson nan eilean. Tha seo ag ath-dhaingneachadh a' bheachd nach e a-mhàin gu bheil dleasnas catharra fad-ùineach soilleir aig an oilthigh a thaobh nan eilean ach gu bheil e na phàirt chudromach de choimhearsnachdan nan eilean fhèin. Tha prìomhachasan mu leasachadh eaconamach seasmhach, atharrachadh na gnàth-shìde, coimhearsnachdan eileanach comasaichte, bochdainn connaidh agus foghlam uile ceangailte, mar eisimpleir, ri speisealachdan acadaimigeach agus rannsachaidh aig Colaisde a' Chaisteil UHI.

A thaobh Chùmhnant nan Eilean, gu sònraichte, tha an ro-innleachd seo a' mapadh gu dlùth ris na prìomh chuspairean ann an grunn dhòighean, gu sònraichte a thaobh leasachadh eaconamach neoni cruinn a thaobh eimiseanan carboin, turasachd agus dualchas, sgìlean agus taic a thoirt do fhàs ann an earrainnean cudromach.

Is e Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean an aon stèidheachd foghlam adhartach agus àrd-ìre, a' toirt a-steach gnìomhachd chudromach ann an rannsachadh agus iomlaid eòlais, aig a bheil ionadan fiosaigeach ann an Arcaibh, Sealtainn agus na h-Eileanan an Iar. Anns an t-seagh seo, tha àrainnean fiosaigeach agus ionadan ionnsachaidh air feadh nan eilean, leis na prìomh àrainnean ann an Learaig airson Colaiste Shealtainn UHI, Scalloway airson Ionad Mara NAFC UHI, Steòrnabhagh airson Colaiste a' Chaisteil UHI agus Baile na h-Eaglais airson Colaiste Arcaibh UHI. Is iad na ceithir institiudan seo na ceithir com-pàirtichean acadaimigeach aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean aig a bheil follaiseachd san ro-innleachd seo, oir is ann tro na com-pàirtichean acadaimigeach seo a thèid an ro-innleachd a libhrigeadh. Ach tha e cuideachd fìor gun tarraing na ceithir com-pàirtichean acadaimigeach neart bho chom-pàirtichean eile an oilthigh agus gun tairg iad gnìomhachd acadaimigeach do chom-pàirtichean eile an oilthigh.

Feuchaidh an t-oilthigh cuideachd ri co-obrachadh gu gnothaicheil le oilthighean eile far an cuir seo ri buaidh nan eilean agus na ro-innleachd seo.

Ann a bhith a' cruthachadh na ro-innleachd seo, thathas a' tuigsinn gu bheil com-pàirtichean acadaimigeach eile san oilthigh aig a bheil uallach airson gnìomhachd acadaimigeach a libhrigeadh ann an coimhearsnachdan eileanach, gu sònraichte Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI, Sabhal Mòr Ostaig UHI agus Colaiste Earra-Ghàidheil UHI. Ach tha na com-pàirtichean acadaimigeach a tha aig cridhe na ro-innleachd seo uile air an suidheachadh ann an eileanan a-mhàin agus is e seo as coireach gu bheil fòcas na ro-innleachd an toiseach air na thèid a chur rithe leis na ceithir com-pàirtichean acadaimigeach air an deach iomradh a thoirt gu h-àrd. Is e an aon eisgeachd Sabhal Mòr Ostaig UHI, a tha air a shuidheachadh sna h-eileanan, ach aig a bheil dreuchd speisealta mar an t-ionad nàiseanta airson cànan is cultar na Gàidhlig.



Prìomh eileamaidean agus prìomh amasan Ro-innleachd Eileanan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean



Prìomh chuspair 1

Sgilean, leasachadh na feachd-obrach, taic thionnsgaineach agus tàladh tàlaint

Prìomh amas 1

Dèanamh cinnteach gu bheil clàr-oideachaidh an oilthigh, aig a h-uile ìre, a rèir phrìomhachasan comharraichte nan earrainnean cudromach sna h-eileanan, mar a bhios iad air an socrachadh le caochladh luchd-ùidhe, gu sònraichte ùghdarrasan ionadail nan eilean

Tha an t-oilthigh ag aithneachadh gu bheil e mar dhleastanas poblach air ath-sgrùdadh agus leasachadh a dhèanamh air an ullachadh acadaimigeach aige, tarsainn foghlam adhartach agus àrd-ìre, a rèir phrìomhachasan luchd-ùidhe cudromach, gu sònraichte a' choimhearsnachd gnìomhachais, an treas earrainn agus na trì ùghdarrasan ionadail eileanach. Tha an t-ath-sgrùdadh seo riatanach gus an urrainn don oilthigh cur gu làidir, gnothaicheil ri àrach feachd-obrach sgileil ann an coimhearsnachdan nan eilean, gu sònraichte ann an earrainnean prìomhachais a tha cudromach a thaobh ro-innleachd do na h-eileanan. Tha e cuideachd a' toirt a-steach leasachadh sgilean airson gach cuid luchd-inntrigidh ùr do earrainnean agus àrdachadh sgilean an luchd-obrach a th' ann sna h-earrainnean sin. Tha ionnsachadh stèidhichte air obair aig cridhe an ath-sgrùdaidh seo agus obraichidh an t-oilthigh le earrainnean cudromach gus slighean ùra a shocrachadh do luchd-ionnsachaidh, a chum is gun cuir iad mar as fheàrr a ghabhas ris na prìomh earrainnean sin air feadh nan eilean.

Is e an t-oilthigh an aon stèidheachd ann an Alba a libhrigeas an teaghlach de phreantasachdan Bun-ìre is Ùr-nòsach agus preantasachdan do Cheumnaichean, a' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-ionnsachaidh buannachd bho ionnsachadh stèidhichte air obair bhon àrd ìre den sgoil gu ceum le urram. Tha planaichean àrd-amasach aig an oilthigh gus fàs a thoirt air slighean ionnsachaidh seasmhach stèidhichte air obair tarsainn nan earrainnean as cudromaiche air fad, ceangailte ri cothroman leasachaidh eaconamach, agus cumaidh e air ag

obair ann an dlùth chom-pàirteachas le sgoiltean agus fastaichean air feadh choimhearsnachdan nan eilean gus seo a thoirt gu buil. Tha seo a' toirt a-steach libhrigeadh frèaman preantasachd Leasachadh Sgilean na h-Alba, iomairtean eile le Leasachadh Sgilean na h-Alba a tha stèidhichte air obair, leithid nam pileatan SCQF Ìre 4 agus 5 ann am meata-sgilean a tha a' dol an-dràsta. Tha dlùth chom-pàirteachas le fastaichean agus luchd-ùidhe ionadail ann an gnìomhachas aig cridhe libhrigeadh ionnsachadh an oilthigh airson phreantasachdan agus airson an ionnsachaidh dhreuchdail is an ionnsachaidh stèidhichte air obair aige san fharsaingeachd. Nì e cinnteach gum bi an t-ullachadh a' coinneachadh ris na prìomhachasan a thaobh planadh feachd-obrach nan eilean agus a' toirt taic do leasachadh coimhearsnachd seasmhach, gu h-àraidh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine òga buil a dhèanamh de chothroman brioghmhor a thaobh ionnsachaidh is dhreuchdan gun na coimhearsnachdan eileanach aca fhàgail. Bidh coimhearsnachd cleachdaidh com-pàirteachais roinneil a' toirt iùl is taic do leasachadh agus libhrigeadh ionnsachaidh stèidhichte air obair, a' dèanamh cinnteach gum bi buadhan chom-pàirteachas an oilthigh air an toirt gu buil agus air an suidheachadh ann an co-theacs ann an libhrigeadh ionadail.

Bidh an t-oilthigh a' toirt làn aire do phrìomhachasan ùghdarrasan ionadail, prìomhachasan Leasachadh Sgìlean na h-Alba, prìomhachasan Chùmhnant nan Eilean agus na prìomh earrainnean ann am Plana Nàiseanta nan Eilean, a bharrachd air beachdan bho Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean gus mapadh eagarach a dhèanamh air an ullachadh teagaisg aige aig gach ìre gus dèanamh cinnteach gum bi ullachadh an oilthigh a' toirt taic do leasachadh na feachd-obrach anns na h-eileanan. Thèid an eacarsaidh mapaidh seo a chleachdadh gus faighinn a-mach far a bheil beàrnan sa chlàr-oideachaidh a tha feumach air lìonadh. Dh'fhaodadh seo a bhith sònraichte feumail ri linn a' chruadail leantainnich san earrainn phoblaich agus an atharrachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann am meudachd gnìomhachd ùghdarrasan poblach, rud a bheir an dà chuid cothroman agus dùbhlain don oilthigh ann a bhith a' toirt taic do fheumalachdan trèanaidh ionadail.

Tha seo eadhon nas buntainniche agus nas cudromaiche ri linn COVID-19, Brexit agus a' chruadail leantainnich san earrainn phoblaich, agus an atharrachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann am meudachd gnìomhachd ùghdarrasan poblach, rud a bheir an dà chuid cothroman agus dùbhlain don oilthigh ann a bhith a' toirt taic do fheumalachdan trèanaidh ionadail. Tha e cuideachd an co-chòrdadh ris an obair a tha a' dol air adhart air feadh an oilthigh gus an socraichear dòigh-obrach bhun-tomhasach airson ath-sgrùdadh clàr-oideachaidh foghlam adhartach agus ro-innleachd sgìreil airson foghlam adhartach. Ged nach eil seo sònraichte do na h-eileanan, tha am pròiseas ath-sgrùdaidh air a' phortfòilio soilleir anns an riatanas gum bi conaltradh brìoghmhor ri luchd-ùidhe gus prìomhachasan leasachadh sgìlean aontachadh gu leantainneach.

Tha grunn eileamaidean sònraichte san obair seo:

- ◆ **Ann an com-pàirteachas le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Leasachadh Sgìlean na h-Alba, tha an t-oilthigh mothachail gu bheil uallach mòr air a thaobh a bhith a' buileachadh prògram obrach a tha ag amas air:**
 - *sgìlean a chumail*
(a bhith a' dèanamh cinnteach gun ruig luchd-inntrigidh ùr don àite-obrach agus an fheachd-obrach a th' ann anns na h-eileanan air cothroman agus gun urrainn dhaibh an cothrom a ghabhail air obraichean àrd-inbhe ris a bheil dùil, mar eisimpleir, tro Chùmhnant nan Eilean).
 - *tàlant a thàladh*
(bho thaobh a-muigh nan eilean, air a cho-thaobhadh le tasgaidhean uile-chudromach a' cuideachadh le ath-chothromachadh àireamhan-sluaigh).
 - *atharrachadh a thoirt air sgìlean*
(sgìlean feachd-obrach abaich a thogail gus dèanamh cinnteach gun coinnichear ris an fheumalachd iartas ath-sholair ro-aithriste tarsainn farsaingeachd de dhreuchdan agus deiligeadh ris na h-atharrachaidhean san àite-obrach a thig an lùib fèin-obrachas agus ceuman air aghaidh ann an teicneolas. Tha seo a' toirt a-steach eadar-ghluasad agus meantoradh dhaibhsan a tha a' gabhail ceuman air adhart nan cùrsa-obrach agus brosnachadh cultar de ionnsachadh fad-beatha san àite-obrach).
- ◆ **Rud cudromach ri a chumail fo aire, is e a bhith a' freumhachadh meata-sgìlean agus sgìlean cheumnaichean ann an clàr-oideachaidh an oilthigh, an dà chuid ann am foghlam adhartach agus àrd-ìre, a' toirt a-steach ionnsachadh stèidhichte air obair. Is iad sin sgìlean leithid fèin-riaghladh, tuigse shòisealta agus liut air ùr-ghnàthachadh; sgìlean a tha ag aithneachadh gum bi feum air feachd-obrach shùbailte gus taic a thoirt do eaconamaidhean seasmhach eileanan.**
- ◆ **Tha dùil gum bi leudachadh air preantasachdan anns na h-eileanan a rèir prìomhachasan na h-earrainn, aig gach ìre, a' gabhail a-steach preantasachdan do cheumnaichean. Bidh an t-oilthigh ag obair còmhla ri Leasachadh Sgìlean na h-Alba gus an t-amas seo a choileanadh. Aig ìre foghlaim àrd-ìre, thathar an dùil gun neartaich an t-oilthigh ionnsachadh stèidhichte air obair taobh a-staigh den phortfòilio aige de cheuman mar phàirt den ullachadh aige.**

- ◆ Tha comas foghlaim adhartach mòr aig an oilthigh ann am farsaingeachd de chuspairean anns gach aon de na buidhnean de dh'eileanan. Bidh an t-oilthigh ag obair gus co-leanailteachd an ullachaidh seo a neartachadh air feadh nan eilean tro bhith a' neartachadh dhòighean anns am faod oileanaich eadar-obrachadh le chèile nan cuid ionnsachaidh tro bhith a' cleachdadh diofar theicneolasan. Bidh e na phàirt uile-chudromach den obair seo leudachadh a dhèanamh air cothroman lìonrachaidh do dh'oileanaich foghlaim adhartach air feadh nan eilean. Bheir an obair seo cothroman ùra do dh'oileanaich a bhith a' tighinn an lùib farsaingeachd nas motha de chothroman ionnsachaidh agus mothachadh nas fheàrr air in-ghabhail cruinn-eòlasach, a' toirt a-steach luchd-ionnsachaidh a tha air an suidheachadh ann an eileanan beaga. Is e fòcas sònraichte an seo an ceangal ri bun-bheachd nan 'eilean didseatach' agus cho feumail is a tha e gum bi sgilean agus tuigse dhidseatach adhartach aig a h-uile oileanach.
- ◆ Feuchaidh an t-oilthigh ri grunn cheuman lìonraichte ùra a thoirt am bith aig ìre fho-cheum – prògraman ionnsachaidh far am faod oileanaich frithealadh bho àite sam bith tro àrainneachd ionnsachaidh mas-fhior an oilthigh agus a cleachdadh modhan foghlaim astarach air-loidhne co-cheangailte agus dòighean ionnsachaidh measgaichte, a gabhail a-steach cleachdadh co-labhairt bhideo far am bi sin iomchaidh. Bidh na ceuman lìonraichte seo a' co-thaobhadh ri prìomhachasan nan earrainnean as cudromaiche agus thèid an cruthachadh bho na h-eileanan a' tarraing a-steach eòlas bho Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean air fad far am bi sin iomchaidh. A bharrachd air sin, thathar an dùil gum bi leasachadh a bharrachd air na chuirear bho na h-eileanan ri ceuman lìonraichte ann an àiteachan eile ann an Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha cothrom sònraichte an seo air trèanadh agus taic a dhealbhadh airson fheumalachdan feachd-obrach na h-earrainn phoblach tarsainn farsaingeachd de earrainnean far am faod e a bhith duilich proifeiseantaich làn-thrèante a thàladh do na h-Eileanan.
- ◆ Is e raon sònraichte a tha ri a leasachadh ullachadh teagaisgte agus chùrsaichean goirid iar-cheumnach agus tha amasan fa-leth aig an ro-innleachd seo airson nan eileamaidean sin.
- ◆ Tha na h-eileanan nan àiteachan cruthachail, ùr-ghnàthach agus tionnsgaineach, a tha freumhaichte ann an iomairt. Bidh an t-oilthigh ag obair gus bunait tionnsgaineach a neartachadh do na gnìomhachdan aige air fad anns na h-eileanan agus, gu sònraichte, bidh ùr-ghnàthachadh agus seasamhachd a' ruith tron chlàr-oideachaidh aig gach ìre.

Bidh pàirt uile-chudromach aig co-òrdanaiche eileanach Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean ri a cluich ann a bhith a' toirt air adhart na h-obrach seo ann an co-cheangal ris gach com-pàirtiche acadaimigeach.



Prìomh eileamaidean agus prìomh amasan Ro-innleachd Eileanan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean



Prìomh chuspair 2

Leabhran-iùil uile-eileanach a dhèanamh de chùrsaichean goirid a' tabhann ullachadh ann an cultar, dualchas, arc-eòlas agus gnìomhachasan cruthachail

Prìomh amas 2

Cultaran agus dualchas nan eilean a shoillseachadh do mhargaidhean nàiseanta agus eadarnàiseanta agus slighean a-steach a sholar gu ullachadh foghlaim adhartach is àrd-ìre an oilthigh

Tha neartan mòra aig an oilthigh anns na h-eileanan ann an eòlas na h-àirde a tuath, dualchas, arc-eòlas, planadh mara, gnìomhachasan mara agus gnìomhachasan cruthachail. Thèid prògram bliadhna de chùrsaichean goirid a dhealbhadh, a' tarraing, far am bi e iomchaidh, air farsaingeachd sàr-eòlais air feadh an oilthigh, ach gu sònraichte bho Institiud an Arc-eòlais, Institiud Eòlas na h-Àirde a Tuath, an t-Ionad Cruthachalachd Dhùthchail agus Ionad Mara NAFC UHI. Solairidh e prògram co-leanailteach de chùrsaichean suas ri seachdain a dh'fhad, far am bi e comasach do chom-pàirtichean a bhith air am bogadh ann an eileamaidean den chultar agus an dualchas, na cruthan-tìre agus na seallaidhean-mara anns gach eilean. Feumaidh planadh gnothachais agus rannsachadh margaidh èifeachdach a bhith mar bhunait don phrògram chùrsaichean goirid seo, agus feumaidh e a bhith èifeachdach a thaobh cosgais, ach tha e soilleir gum faod buannachdan a bhith ann a thaobh seasmhachd eaconamach agus gineadh teachd-a-steach, a bharrachd air na h-eileanan a dhèanamh nas fhollaisiche do mhargaidhean ùra. Bidh am prògram chùrsaichean goirid seo ag amas air luchd-turais foghlaim a thàladh gu gach aon de na buidhnean de dh'eileanan ach dh'fhaodadh e cuideachd a bhith a' toirt a-steach trèanadh gèillidh a' buntainn ri riatanasan reachdail. Agus e ga ruith air stèidh mhalairteach, bidh am prògram, aig a' cheann thall, a' dol fad grunn sheachdainean gach bliadhna.

Bidh am prògram na leudachadh air a' ghnìomhachd a th' ann cheana, a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, sgoiltean gearraidh is samhraidh a rèir an ullachaidh làithrich, agus co-labhairtean acadaimigeach a tha ann cheana leithid na co-labhairt bhliadhna eadarnàiseanta air Naomh Mànas fo stiùir Institiud Eòlas na h-Àirde a Tuath ann an Arcaibh. Tha cothroman sònraichte ann an Arcaibh gus togail air cothroman ùra a thaobh malairt is cultair san Artaig is san àird a tuath.

Prìomh eileamaidean agus prìomh amasan Ro-innleachd Eileanan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean



Prìomh chuspair 3

Tuairisgeul a thoirt air ullachadh iar-cheumnach air-loidhne ann an cultar, dualchas, arc-eòlas, saidheansan mara agus gnìomhachasan cruthachail

Prìomh amas 3

Meudachadh àireamhan oileanaich air farsaingeachd de phrògraman iar-cheuma sònraichte anns na daonnachdan agus saidheansan mara a bheir sealladh gun samhail do dh'oileanaich air eileamaidean de dhualchas nàdurach is cultarach nan eilean

Tro Institiud Eòlas na h-Àirde a Tuath agus Institiud an Arc-eòlais agus na h-Ionadan airson Cruthachalachd Dhùthchail agus Eachdraidh, tha farsaingeachd de dh'ullachadh teagaisgte air a cruthachadh aig an oilthigh aig ìre iar-cheumnach a bheir cothroman do chom-pàirtichean a dhol an sàs ann an doimhneachd ann an dlùth is inneach cultarail agus dualchas nan eilean. Le chèile, tha na cùrsaichean sin a' solar pasgan mòr-chuairteach agus buileach gun choimeas de chothrom airson sgrùdadh acadaimigeach air na h-eileanan, a' cuideachadh le bhith ag àrdachadh ìomhaigh nan eilean aig ìre eadarnaiseanta agus le fòcas sònraichte air ceanglaichean Lochlannach agus Artaigeach. Bidh mòran den ullachadh seo ga libhrigeadh air-loidhne agus gheibh oileanaich cothrom air na cùrsaichean an àite sam bith san t-saoghal. Bidh cuid de phrògraman a' toirt chothroman airson sgoiltean còmhnaidh goirid anns na h-eileanan mar phàirt den phrògram ionnsachaidh.

Am measg speisealachdan eile anns na h-eileanan aig ìre iar-cheum, a tha gan teagasg tro Cholaisde a' Chaisteil UHI, tha leasachadh dùthchail seasmhach, innleadaireachd eileagtronaigeach is lùith, foghlam, ceòl agus slàinte is sunnd. Chan e a-mhàin gu bheil na cuspairean sin gan tabhann mar-thà air feadh na sgìre agus gu h-eadarnaiseanta, ach is e speisealachdan ro-innleachdail a th'annta airson fàs ann an roinnean eileanach.

Bidh an sreath làithreach de phrògraman air a chumail fo bhreithneachadh agus thèid prògraman ùra a dhealbhadh, rud a dh'fhaodadh a bhith a' toirt a-steach chuspairean leithid planadh spàsail na mara, comas-ceangail didseatach, atharrachadh sa ghnàth-shìde agus a' bheatha ann an àrainneachd oirthireach. Aig Colaisde a' Chaisteil UHI, mar eisimpleir, thathas a' dealbhadh ullachadh iar-cheum ùr ann an raointean sìde anabarrach, cànan agus litreachas na Gàidhlig, agus speisealachdan ùra ann an arc-eòlas, leithid dualchas didseatach.

Mar phàirt den ro-innleachd seo, dealbhaidh an t-oilthigh ro-innleachd margaidheachd cho-cheangailte, a rèir a' phrògram de chùrsaichean goirid, a bhios ag amas air ìomhaigh nas làidire a thoirt do na cùrsaichean sin agus àireamhan eadhon nas motha de dh'oileanaich a thàladh.

Prìomh eileamaidean agus prìomh amasan Ro-innleachd Eileanan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean



Prìomh chuspair 4

Gnìomhachd rannsachaidh a neartachadh anns na h-eileanan

Prìomh amas 4

Meudachadh a thoirt air àireamh nan oileanach PhD agus nam proifeiseantach rannsachaidh maoinichte a tha air an suidheachadh anns gach aon de na coimhearsnachdan eileanach

An-dràsta tha àireamh mhòr de dh'oileanaich rannsachaidh a tha ceangailte ri ionadan agus Institiudan eileanach an oilthigh, a' gabhail a-steach Institiud Eòlas na h-Àirde a Tuath agus Institiud an Arc-eòlais a tha stèidhichte ann an Colaiste Arcaibh UHI, an t-Ionad Cruthachalachd Dhùthchail ann an Colaiste Shealtainn UHI, An Roinn Saidheans is Teicneolas Mara aig Ionad Mara NAFC UHI agus taobh a-staigh de raointean an fhoghlaim, na slàinte, na seasmhachd agus na h-innleadaireachd aig Colaiste a' Chaisteil UHI. Ghabhadh meudachadh toirt air àireamh nan oileanach PhD agus an sgaoileadh nas fharsainghe air feadh na sgìre. Tha an t-oilthigh dealasach a bhith ag amas air cothroman airson oileanaich rannsachaidh ùra air feadh nan eilean. Bidh oileanaich rannsachaidh gu tric a' faighinn tuigse ùr air cùisean agus dùbhlain a tha fìchte ri àitichean fa leth.

Tha an t-oilthigh cuideachd dealasach, far a bheil e iomchaidh, tobraichean ùra de theachd-a-steach tabhartais fhaighinn gus pròiseactan rannsachaidh is iomlaid eòlais de dhiofar sheòrsaichean a stèidheachadh air feadh nan eilean, rud a chuidicheas le bhith a' tàladh farsaingeachd de phroifeiseantaich rannsachaidh, a' gabhail a-steach luchd-obrach iar-ollamhach agus òraideachaidh.

Tha mòran den obair-rannsachaidh a tha a' dol an-dràsta sna h-eileanan a' cur fòcas air na daonnachdan agus àrainneachd na mara, ach, anns an oilthigh nas fharsainghe, tha neartan cudromach ann an saidheans na h-àrainneachd agus ann an slàinte. Tha an t-oilthigh am beachd obrachadh le coimhearsnachdan anns na h-eileanan gus dòighean ùra a chomharrachadh a ghabhadh rannsachadh toirt air adhart ann an saidheans, gu sònraichte far a bheil seo a' buntainn ri cùisean iomagain, leithid èiginn na gnàth-shìde, fàs a

thoirt air eaconamaidh 'gorm' agus 'uaine' seasmhach, agus fuasglaidhean a chomharrachadh airson cùram slàinte a libhrigeadh ann an suidheachaidhean eileanach. Tha tairgse a rinneadh o chionn ghoirid le Colaiste a' Chaisteil UHI airson prògram iar-cheum ùr ann an aimsir anabarrach agus a' bhuidhe aice a bhios gu sònraichte cudromach do choimhearsnachdan eileanach. A bharrachd air na tha Ionad Mara NAFC UHI ann an Sealtainn a' cur ri saidheans mara, obraichidh an t-oilthigh le a chom-pàirtichean acadaimigeach gus cur ri follaiseachd grunn ionadan agus institiudan ann an àiteachan eile sa chom-pàirteachas, mar eisimpleir Institiud Rannsachadh na h-Àrainneachd, a tha air a suidheachadh aig Colaiste na Gàidhealtachd a Tuath UHI ann an Inbhir Theòrsa, Comann Saidheans Mara na h-Alba UHI a tha anns an Òban, an t-Ionad airson Ùr-ghnàthachadh ann an Rannsachadh Slàinte ann an Inbhir Nis agus Institiud nan Aibhnichean agus nan Lochan a tha air a suidheachadh ann an Colaiste Inbhir Nis UHI.

Thar ùine, mar a bhios àireamh nan oileanach rannsachaidh agus nam proifeiseantach rannsachaidh anns na h-eileanan a' dol am meud, bheil an t-oilthigh, taobh a-staigh de na structaran a th' ann, taic do chruthachadh buidheann cho-obrachail do cheumnaichean eileanach, lionra neo-fhoirmeil a bhios air a dhealbhadh gus aithne a thoirt do nàdar sònraichte an t-suidheachaidh a tha aig oileanach rannsachaidh taobh a-staigh de dh'àrainneachd nan eilean.

Mar thoradh air an obair seo gu lèir, thèid foillseachadh rannsachaidh eileanach a chur a-mach, a sheallas mar a tha an t-airgead a tha an t-oilthigh a' cur an tasgadh ann an rannsachadh a' toirt buaidh shònraichte air coimhearsnachdan eileanach agus a' cur ri bhith a' lorg fuasglaidhean air cùisean eileanach.

Prìomh eileamaidean agus prìomh amasan Ro-innleachd Eileanan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean



Prìomh chuspair 5

Meudachadh a thoirt air gnìomhachd acadaimigeach uile-eileanach co-cheangailte ri institiudan, ionadan agus roinnean Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Prìomh amas 5

Feum a dhèanamh de na h-institiudan agus na h-ionadan agus na roinnean acadaimigeach làithreach aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, gu sònraichte an fheadhainn a tha stèidhichte air eileanan mar-thà, gu gnìomhachd acadaimigeach a mheudachadh anns na h-eileanan a chum is gun ainmichear fuasglaidhean air cùisean agus dùbhlain shònraichte anns na h-eileanan

Thathas a' tuigsinn gu bheil farsaingeachd de chùisean agus dùbhlain taobh a-staigh nan eilean a dh'fhaodadh buannachd fhaighinn bho obair rannsachaidh agus iomlaid eòlais a ghinear leis an oilthigh gus iad sin a thuigsinn nas dlùithe agus gus fuasglaidhean a chomharrachadh. Tha na cùisean agus na dùbhlain a' toirt a-steach, mar eisimpleir, buaidh atharrachadh na gnàth-shìde, stòradh gualain, slàinte is sunnd ann an coimhearsnachdan eileanach, am feum a nithear de stòrasan nàdarra, lùth, fàs eaconamach seasmhach, agus atharrachadh deamografach anns na h-eileanan.

Tha grunn institiudan, ionadan, roinnean, sgiobaidhean agus raointean de ghnìomhachd rannsachaidh stèidhichte anns na h-eileanan aig an oilthigh mar-thà, a tha ann an deagh shuidheachadh gus cur ris an tuigse a th' againn air na cuspairean sin agus a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith ann anns na h-eileanan:

- Institiud Eòlas na h-Àirde a Tuath, air a suidheachadh aig Colaiste Arcaibh UHI
- Institiud na h-Agronomaidh air a suidheachadh aig Colaiste Arcaibh UHI
- Institiud an Arc-eòlais air a suidheachadh aig Colaiste Arcaibh UHI agus le ionad ann an Uibhist tro Chalaisde a' Chaisteil UHI
- An t-Ionad airson Cruthachalachd Dhùthchail air a shuidheachadh aig Colaiste Shealtainn UHI
- An Roinn Saidheans is Teicneolas Mara air a suidheachadh aig Ionad Mara NAFC UHI
- Roinn na h-Innleadaireachd agus an t-Ionad Ùr-ghnàthachaidh aig Colaisde a' Chaisteil UHI
- Sgiobaidhean aig Colaisde a' Chaisteil UHI, le fòcas air raointean leithid foghlam, a' ghnàth-shìde agus seasmhachd, arc-eòlas, slàinte, ceòl agus Gàidhlig

Tha grunn cheanglaichean agus chom-pàirteachasan aig na buidhnean sin uile mar-thà aig irean roinneil, nàiseanta agus eadarnàiseanta, agus bidh an t-oilthigh gu gnìomhach a' sireadh co-obrachadh gnothaicheil le oilthighean eile agus luchd-ùidhe air an taobh a-muigh far a bheil seo buntainneach airson a bhith a' leasachadh na tuigse a th' againn air dùbhlain làithreach eileanan sònraichte.

Ach tha tuilleadh ri dhèanamh gus an neartaichear an dòigh anns a bheil tairgse acadaimigeach cho-leanailteach, shoilleir a' toirt a-steach nan ionadan, nan institiudan, nan roinnean agus nan sgiobaidhean sin air feadh nan eilean. Mar sin, obraichidh an t-oilthigh le luchd-ùidhe gus dèanamh cinnteach gun toir gach aon de na buidhnean sin leudachadh air a' ghnìomhachd acadaimigeach aice air feadh nan eilean gu lèir aig an aon àm ri bhith a' cumail oirre le prìomh bhunait anns na suidheachaidhean làithreach aice. Mar eisimpleir, is e Colaiste Arcaibh UHI as 'dachaigh' do dh'Institiud an Arc-eòlais, ach tha gnìomhachd rannsachaidh chudromach a' fàs ann an arc-eòlas air feadh nan eilean, far a bheil planaichean, mar eisimpleir, gnìomhachd rannsachaidh a leudachadh bho ionad Chonaisde a' Chaisteil UHI ann an Uibhist. Gheibhear tuilleadh eisimpleirean tron Ionad airson Cruthachalachd Dhùthchail aig Colaiste Shealtainn UHI, a tha a' feuchainn ri a ghnìomhachd acadaimigeach a neartachadh air feadh nan eilean ann an com-

pàirteachas le buidhnean ealain roinneil, leithid Thaigh Chearsabhaigh ann an Uibhist a Tuath, agus na Roinne Saidheans is Teicneolas Mara aig Ionad Mara NAFC UHI a bhios a' feuchainn ri togail air rannsachadh agus ullachadh ann am planadh spàsail na mara agus iasgach le coimhearsnachdan agus gnìomhachasan mara.

A bharrachd air buidhnean eileanach an oilthigh, tha institiudan agus ionadan eile a tha stèidhichte taobh a-staigh den oilthigh, ach nach eil air an suidheachadh anns na h-eileanan, a dh'fhaodadh an gnìomhachd a bhith buntainneach do rannsachadh agus iomlaid eòlais eileanach. Nam measg sin tha, mar eisimpleir, Institiud Rannsachadh na h-Àrainneachd aig Colaiste na Gàidhealtachd a Tuath UHI, Comann Saidheans Mara na h-Alba UHI, an t-Ionad Eachdraidh, Institiud nan Saidheansan Cànan agus an Institiud airson Rannsachadh agus Ùr-ghnàthachadh Slàinte. Tha grunn bhuidhnean earrainne iomlaid eòlais tar-chuspaireach aig an oilthigh cuideachd ann an raointean leithid lùth, an eaconamaidh chruthachail, tuathanas-uisge, slàinte, turasachd, tionnsgaineachd agus càileachd uisge. Brosnaichidh an t-oilthigh na h-institiudan agus na h-ionadan agus na buidhnean iomlaid eòlais aige nach eil air an suidheachadh anns na h-eileanan gus cur ri gnìomhachd rannsachaidh agus iomlaid eòlais a tha ag amas air cuid de na prìomh dhùbhlain anns na h-eileanan.



Prìomh eileamaidean agus prìomh amasan Ro-innleachd Eileanan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean



Prìomh chuspair 6

Taic a thoirt do chànanan ar n-eileanan, a' toirt a-steach na Gàidhlig, dual-chainntean eileanach agus cultar Lochlannach

Prìomh amas 6

Bidh an t-oilthigh ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-ùidhe uile-chudromach gus dòigh-obrach amalaichte a dhealbhadh a thaobh ionnsachadh, rannsachadh agus leasachadh na Gàidhlig còmhla ri dual-chainntean eileanach agus cultar Lochlannach

Tha an t-oilthigh a' tuigsinn gu bheil e mar dhleastanas air taic a thoirt do ath-bheothachadh cànan agus cultar na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan Gàidhlig, gu sònraichte anns na h-Eileanan an Iar. Tha pàirt uile-chudromach aig Colaisde a' Chaisteil UHI ri a cluich an seo.

Fhad 's a tha saoghal na Gàidhlig a' fàs gu luath agus ginealach ùr de luchd-ionnsachaidh is luchd-labhairt a' nochdadh, gu sònraichte air feadh cheàrnaidhean bailteil na h-Alba, tha coimhearsnachdan traidiseanta Gàidhlig fhathast fo chudroman sòisio-eaconamach agus sòisio-chànanach a tha a chum mì-leas a' chànan aca. Taobh a-staigh de chom-pàirteachas acadaimigeach an oilthigh, tha an dà chuid Sabhal Mòr Ostaig UHI mar an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig agus Colaisde a' Chaisteil UHI gu mòr an sàs ann a bhith a' toirt taic don Ghàidhlig ann an grunn dhòighean.

Tro Cholaisde a' Chaisteil UHI, bheir an t-oilthigh taic agus daingneachadh do chaochladh phròiseactan agus iomairtean anns na h-Eileanan Siar, agus iad uile ag amas air a' Ghàidhlig a neartachadh sa choimhearsnachd agus san eaconamaidh. Gabhaidh seo a-steach ullachadh gus sgilean Gàidhlig a neartachadh do luchd-obrach a tha ag obair ann an earrainnean uile-chudromach ann an coimhearsnachdan, mar eisimpleir ann am foghlam agus slàinte, earrainn nan gnìomhachasan cruthachail agus ann an cùram sòisealta. A thaobh

foghlam tòiseachail luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig, tha an t-oilthigh mothachail air co-dhùnadh Chomhairle nan Eilean Siar foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhith mar an suidheachadh ro-shocraichte anns na h-eileanan agus bidh am planadh aige a rèir sin. Cuideachd, obraichidh Colaisde a' Chaisteil UHI le Ceòlas ann an Uibhist a Deas gus ullachadh a chruthachadh an sin a thaobh ceòl, cànan agus gnìomhachdan cultarach.

Tha Institiud Eòlas na h-Àirde a Tuath an oilthigh ann an Arcaibh a' feuchainn ri ath-eòlas a chur air a' chultar ionadail, agus a ghleidheadh is a mhìneachadh do na ginealaichean ri teachd le fòcas sònraichte air cànanan is dual-chainntean Arcaibh agus Shealtainn a bharrachd air eachdraidh agus cultar eileanan na h-Alba agus iomall a' Chuain Siar. Agus sinn air ar rangachadh sa chiad àite ann an Alba airson buaidh rannsachaidh ann an eacarsaich an Fhrèam Sàr-mhathas Rannsachaidh ann an 2014, tha bunait làidir ann air an gabh togail gus an toir sinn fàs air gnìomhachd rannsachaidh agus co-obrachaidhean eadarnàiseanta le nàbaidhean san àird a tuath agus ann an Lochlainn.

Prìomh eileamaidean agus prìomh amasan Ro-innleachd Eileanan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean



Prìomh chuspair 7

Gnìomhachd agus daoine a thàladh do na h-eileanan agus a bhith stèidhichte anns na h-eileanan

Prìomh amas 7

Bidh an t-oilthigh ag obair le com-pàirtichean gus taic a thoirt do chothroman airson coinneamhan, co-labhairtean agus taisbeanaidhean a tharraingeas daoine do na h-eileanan; agus, far a bheil e a rèir phrìomhachasan nan eilean, buidhnean eile, gnothachasan is a leithid a thàladh gus am bi luchd-obrach air an suidheachadh aca sna h-eileanan

Bidh tachartasan co-cheangailte ri gnothaichean acadaimigeach a' toirt chothroman air barrachd aire a tharraing air na h-eileanan, do dhaoine a bhith a' siubhal do na h-eileanan agus a bhith a' neartachadh cheanglaichean ri daoine agus àite, rud a chuidicheas le bhith a' toirt barrachd follaiseachd do chothroman air co-obrachadh, iomlaid eòlais, rannsachadh agus ùr-ghnàthachadh air feadh nan eilean, cho math ri bhith a' gineadh nan cothroman sin. Le barrachd fòcais air com-pàirteachadh mas-fhior agus iomairtean neoni cruinn a thaobh carbon, tha an t-oilthigh ann an suidheachadh

làidir airson taic a thoirt dha seo mar thoradh air a' mhodail teagaisg sgaoilte aige. Tha e cudromach fhathast, air a shon sin, daoine a thoirt do na h-eileanan, gu sònraichte tro mhiosan a' gheamhraidh. A bharrachd air sin, faodaidh an t-oilthigh taic a thoirt do na h-eileanan tro bhith a' tàladh gnìomhachas ùr, tasgadh a-steach no gu dearbh le gnìomhachdan rianachd no prògraman a bhith air an suidheachadh sna h-eileanan, rud a chruthaicheas cothroman air obraichean ùra agus tasgadh ionmhasail.



Ro-innleachd Eileanan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a thoirt air adhart; Ceannardas agus follaiseachd anns na h-eileanan



Gus an ro-innleachd seo a thoirt air adhart, tha e riatanach gum bi ceannardas ann a bhios sònraichte don chùis, cho math ri deagh chom-pàirteachadh le luchd-ùidhe, mothachadh làidir de cho-obrachadh air feadh nan eilean agus slighe gu iar-sheansalair an oilthigh. Tha grunn dhualan cudromach ann gus dèanamh cinnteach gum builichear an ro-innleachd seo agus gun cumar sùil air adhartas.

- Ainmichidh iar-sheansalair an oilthigh àrd-bhall de chom-pàirteachas an oilthigh gus am bi uallach corporra air airson an ro-innleachd seo adhartachadh agus gus dèanamh cinnteach gum bi slighe dhìreach ann chun àrd-cheannardas an oilthigh. Thathas an dùil gum biodh follaiseachd agus làthaireachd aig an oifigear seo air feadh nan eilean gu lèir. Bidh pàirt uile-chudromach aig an oifigear seo ri a cluich gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air faireachdainn làidir de cho-leanailteachd agus co-obrachadh ann an dlùth cheangal ri prionnsapalan chom-pàirtichean acadaimigeach nan eilean agus àrd-bhuill eile den fhoireann. Bidh pàirt uile-chudromach aig prionnsapalan chom-pàirtichean acadaimigeach nan eilean ri a cluich gus dèanamh cinnteach gum bi sgaoileadh na ro-innleachd agus a' phlana buileachaidh a' gabhail ealla gu h-iomlan de chùisean ionadail sònraichte.
- Fastaidh an t-oilthigh co-òrdanaiche eileanach 0.5 l/ù, àrd-acadaimigeach air a s(h)uidheachadh ann am fear de na h-eileanan air am bi uallach a bhith air ceann conaltradh ri luchd-ùidhe a-staigh agus a-muigh gus dèanamh cinnteach gun tèid am plana seo a thoirt air adhart agus gun tèid aithris air. Bidh an co-òrdanaiche eileanach a' toirt cunntas do chomataidh eileanan in-mheadhanach, air a dèanamh suas de na prionnsapalan bho gach aon de chom-pàirtichean acadaimigeach nan eilean, co-òrdanaiche sgilean eileanach, còmhla ri iar-sheansalair an oilthigh no neach-ainmichte.
- Leis cho cudromach sa tha an clàr-gnothaich sgilean ann a bhith a' libhrigeadh a' phlana seo, fastaidh an t-oilthigh co-òrdanaiche sgilean eileanach a bhios ag obair le manaidsaran clàir-oideachaidh air feadh chom-pàirtichean acadaimigeach eileanach an oilthigh gus dèanamh cinnteach gum bi modh-obrach co-òrdanaichte uile-eileanach air a libhrigeadh a thaobh sgilean, far am bi sin iomchaidh.
- Stèidhichidh an t-oilthigh fòram eileanach ann an com-pàirteachas le luchd-ùidhe uile-chudromach a choinnicheas dà uair sa bhliadhna gus sùil a chumail air buileachadh a' phlana seo is taic a thoirt dha, agus a shocraicheas sruthan-obrach a bharrachd a neartaicheas obair agus buaidh an oilthigh anns na h-eileanan. Tha an raon-dleastanais agus a' bharrachd an cois seo mar phàipear-taice 1.
- Tha an t-oilthigh mu thràth a' suidheachadh rointean cudromach de bhun-ghnìomhachdan seirbheis proifeasanta anns na h-eileanan; co-labhairt bhideo ann an Colaiste Shealtainn UHI; ceannardas iomlaid eòlais ann an Colaiste Arcaibh UHI; agus solar Sheirbheisean Ionnsachaidh is Fiosrachaidh, gu sònraichte mar thaic do àrainneachd ionnsachaidh mas-fhìor an oilthigh, ann an Colaisde a' Chaisteil UHI. Is ann anns na h-eileanan a tha na seirbheisean sin air an suidheachadh, ach tha iad a' toirt taic do chom-pàirteachas an oilthigh air fad. Cuiridh an t-oilthigh an gnìomh ro-innleachd gus bun-ghnìomhachdan rianachd is sheirbheisean proifeasanta a dhì-mheadhanachadh, feuch am meudaichear àireamh a' bhun-luchd-obrach a tha air an suidheachadh sna h-eileanan gu sònraichte mar a thig dreuchdan bàn agus mar a lionar iad.

- Thathas a' tuigsinn gur e ro-innleachd àrd-ìre a th' anns a' phlana seo agus, mar sin, bidh e cudromach gun tèid plana buileachaidh mionaideach ullachadh a' sealltainn mar a thèid an ro-innleachd a thoirt air adhart thar chòig bliadhna.
- Chan eil fios fhathast air làn bhuidh eaconamach COVID-19 ann an earrainn nan oilthighean, ach is coltach nach beag a bhitheas i agus a rèir sin, mar a bhios air a h-uile oilthigh ann an Alba, bidh cuideam ionmhasail mòr air Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean sna bliadhnaichean ri tighinn. A dh'aindeoin seo, nì an t-oilthigh a h-uile oidhirp gus an ro-innleachd seo agus na geallaidhean a tha innte a libhrigeadh.

Prìomh chomharran coileanaidh thar chòig bliadhna

- Fàs ann an àireamhan oileanaich, tarsainn foghlam adhartach agus àrd-ìre, a' cur cuideam sònraichte air ionnsachadh stèidhichte air obair
- Fàs ann an teachd-a-steach bho rannsachadh agus iomlaid eòlais
- Fàs ann an àireamhan oileanaich ceangailte gu dìreach ri cosnadh san earrainn phoblaich anns gach sgìre ùghdarras ionadail
- Àrdachadh anns an ìre de theisteanasan a th' aig slugh nan eilean



Pàipear-taice 1

Fòram Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean / ùghdarrasan ionadail nan eilean

Raon-dleastanais agus ballrachd



Raon-dleastanais

1. Aontachadh ro-innleachd eileanan do dh'Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean le sùil ri gnìomhan, a' gabhail ealla ri foghlam adhartach, foghlam àrd-ìre agus rannsachadh is iomlaid eòlais, agus am prìomh adhbhar aice a bhith a' meudachadh gnìomhachd is tasgadh anns na h-eileanan.
2. Ùrachaidhean fiosrachaidh fhaighinn air buileachadh ro-innleachd eileanan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, gu sònraichte a thaobh a buaidh
3. Fòram a sholarachadh gus planadh feachd-obrach agus tàladh tàlaint a cheangal ri gnìomhachd an oilthigh anns na h-eileanan, a' toirt a-steach gnìomhan branndaidh is margaidheachd
4. Com-pàirteachas eadar ùghdarrasan ionadail nan eilean agus Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a dhoimhneachadh, gu sònraichte a thaobh tuigse leantainneach air na prìomhachasan, na cothroman agus na dùbhlain ro-innleachdail as cudromaiche aig na h-eileanan agus mar as fheàrr a dh'fhaodas an t-oilthigh dèiligeadh riutha sin
5. Beachdachadh air an dòigh as fheàrr as urrainn don oilthigh cur gu h-èifeachdach ri Cùmhnant Fàs nan Eilean
6. 'Guth' chom-pàirtichean acadaimigeach nan eilean a neartachadh taobh a-staigh den oilthigh san fharsaingeachd.

Ballrachd

Prionnsapal agus iar-sheansalair Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Prionnsapalan chom-pàirtichean acadaimigeach bho Cholaiste Shealtainn UHI, Ionad Mara NAFC UHI, Colaisde a' Chaisteil UHI agus Colaiste Arcaibh UHI (4)

Iar-phrionnsapalan Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean airson rannsachadh agus buaidh, agus foghlam adhartach (2)

Àrd-oifigearan gnìomha/stiùirichean sheirbheisean cloinne/foghlam agus leasachadh eaconamach bho Chomhairle Eileanan Shealtainn, Comhairle Eileanan Arcaibh agus Comhairle nan Eilean Siar (9)

Ceannard oilthighean, foghlam agus sgilean agus manaidsèar ceangal ri oilthighean, iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (2)

Manaidsèar leasachadh is libhrigeadh sheirbheisean (Arcaibh, Innse Gall agus Sealtainn) agus stiùiriche planadh Sgilean – A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan, Leasachadh Sgilean na h-Alba (2)

Prìomh oifigear Chùmhnant nan Eilean (1)

Eòlaiche air poileasaidh is coimhearsnachdan nan eilean, Riaghaltas na h-Alba (1)

Tricead choinneamhan

Dà uair sa bhliadhna - seiminear 24-uairean ri an cumail aig aon de chom-pàirtichean acadaimigeach eileanach an oilthigh

Ullachaidhean aithris

Is e fòram a tha seo, chan e comataidh foirmeil, ach bidh toraidhean agus gnìomhan ri am faicinn taobh a-staigh nan ùghdarrasan ionadail agus an oilthigh